

An Comunn Gàidhealaich



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Cèitean 2015 / May 2015

Teachdaireachd bhon Àrd Oifigear

Chaidh prògram a chraoladh leis a' BhBC bho chionn ghoirid a' sealltainn beachdan poblach a thaobh Prìomhaire an Rìoghachd aig àm a' chogaidh, Winston Churchill. Air cùl gnothaich 'sé àimhreit agus sabaisd a bhathas a' deasbad ach ann an sùilean Bhreatann, 'se cumhachdachd agus soirbheachas a bha iad a' coimhead.

Feumaidh sinn a bhith ag obair gu cruaidh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail soirbheachail a stèidheachadh gach bliadhna. Gach bliadhna feumaidh sinn tòiseachadh as ùr le bhith a' lorg maoineachadh bho bhuidhnean eadar-dhealaichte agus ceanglan as ùr a dhèanamh leis an luchd maoineachaидh a tha air taic a thoirt dhuinn roimhe seo. Tha gach tagradh a' toirt ùine mhòr agus tha feum air iomadach pàipear taic poileasaidh, aithisgean is eile a chur còmhla ris gach tagradh.

Fhad's a tha sinn ag obair air na tagraighean a tha seo, tha beachd ann gum bidh an tachartas cho mòr agus nas fheàrr na a' bhliadhna roimhe. Ma tha Caismeachd Lasairean aig Mòd aon bhliadhna, thathas a' sùileachadh gum bidh seo ann an ath bhliadhna a-rithist cuideachd. Tha seo fior cuideachd a thaobh Cruinneachadh nan Còisirean, goireasan nam prìomh thallaichean, innealan eadar-theangachaïdh agus mar sin air adhart. Ma bhios fàilteachais shònraichte ann aon bhliadhna, thathas a sùileachadh gum bidh e ann bho seo a-mach agus gum bidh craoladh a' leasachadh gach bliadhna cuideachd.

Ged a tha obair mhòr a' dol air adhart an taobh a-staigh na buidhne gus dèanamh cinnteach gum faigh sinn a' maoineachadh a tha a dhìth oirnn, tha a-chuid as mothàir taobh a-muigh na buidhne den bheachd gun tèid an tachartas air adhart mar is àbhaist. Chan eil seo a' tachairt ach air sgàth's gu bheil Comataidhean Ionadail againn a tha ag obair gu cruaidh, buidhean gu math beag de luchd-obrach a tha ag obair gu dìcheallach agus Bòrd Stiùiridh a tha ag obair gu saor-thoileach dhuinn airson cùisean a thoirt ri chèile.

Gu fortannach cha bhith a' mhòrd-chuid de luchd-tadhail Mòd 2015 mothachail air na duilgheadasan seo agus bidh cuimhneachain prìseil aca bho Mòd an Òbain. Nì sinn ar dìcheall faighinn seachad air duilgheadasan sam bith mar is àmhaist.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri Mòd Nàiseata Rìoghail air leth a thoirt thugaibh san fhoghair agus taic a thoirt do na Mòdan Ionadail thairis air na mìosan a tha romhainn.

Iain Moireasdan
Àrd Oifigear

A Message from the Chief Executive

The BBC broadcast a programme recently that highlighted the different public perception of the war-time Prime Minister, Winston Churchill, to that confronting his war-time advisors. Behind the scenes conflict and argument dominated the agenda whilst a wider British public only perceived bull-dog determination to overcome adversity.

Determination is certainly an asset that is required to ensure that we manage to stage a worthy Royal National Mòd each year. The slate is almost wiped clean each year and we have to start building fresh applications for funding to different bodies and to renew links with sponsors who can no longer provide guaranteed funding beyond one year. Each of these is time consuming and most now require the submission of countless appendices and policy documents.

Whilst these applications are being built an unspoken expectation has arisen that each event will continue to build upon the previous event. If a torchlight procession worked in one location it is an expectation that it will follow in future locations. The same is true of massed choirs and main venue interpretation screens and translation sets. Receptions that might start as a one-off soon become an expectation whilst a minimum broadcast standard is an expectation from year to year.

This steady expansion of the event leads to a gradual increase in the cost base and with differing support available in different localities it becomes a challenge to ensure that the event (and the organisation) does not veer towards deficit every few years.

The internal discussions regarding equalisation of funding from year to year, and the need to challenge potential funding sources, are a constant feature whilst the public perception remains that this is an event which will happen come what may. The latter is true only because of huge efforts from loyal Local Organising Committees and a small dedicated staff who are supported by another team of generous volunteers: the Board of Directors.

Happily, the majority who will attend the Royal National Mòd in Oban in the autumn of 2015 will be blissfully unaware of the challenges that have been overcome in the background and will leave Oban reflecting upon a positive experience. Determination will have overcome many hidden challenges once again.

We look forward to delivering another wonderful Royal National Mòd this autumn, and to supporting many wonderful Provincial Mòds over the coming months.

*John Morrison
Chief Executive*

An Comunn Gàidhealach

Atharrachadh ann an Clàr a' Mhòid

Fhad's a tha ainmean thagraichean airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2015 a' taomadh a-steach gach latha, tha buidheann eagrachaидh a' Mhòid, An Comunn Gàidhealach trang ag ullachadh airson tachartas na bliadhna-sa, a thèid a chumail anns an Òban airson an t-siathamh turas deug na h-eachdraidh. Ged a chaidh mòran de thagraidhean fhaighinn mu-thràth, tha dùil aig a' Chomuinn Ghàidhealaich gun tig mòran fhathast a-steach eadar seo agus an ceann-latha de **1 Ogmios 2015**. Tha e fior chudromach gum faighean tagraighean criochnaichte a-steach ann an deagh ùine.

Dhaingnich Seònaid NicDhòmhnaill, Stiùiriche a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail a' bheachd seo a bharrachd air a bhith ag ainmeachadh atharrachadh ann an clàr na farpais ainmeil Cuairt Dheireannach Bonn Òir a' Chomuinn. "Thèid Cuairt Dheireannach nam Buinn Òir an-nis a chraoladh beò air BBC Alba agus air Rèidio nan Gàidheal oidhche Chiadain seachdain a' Mhòid, às deidh cho soirbheachail 's a bha craoladh Cuairt Dheireannach Buinn Òir an t-Seann Nòis beagan bhliadhnaichean air ais. Thèid farpaisean ullachaidh airson Buinn Òir a' Chomuinn a chumail, mar as àbhaist, tron latha Diciadain, agus thèid farpais ullachaidh an t-Seann Nòis a-nis air adhart tron latha Diardaoin. Thèid farpaisean ullachaidh an Aigeallain Airgid air adhart madainn Diciadain agus a' Chuairt Dheireannach air adhart air an fheasgair.

Tha An Comunn Gàidhealach an dòchas gun cuir gach cuid na farpaisich agus an luchd-èisteachd failte air na h-atharrachaidhean sin. Chuireadh sinn failte air tagraighean a bhith a' tighinn a-steach ann an tìde agus tha e cudromach gun toir gach neach sùil air an làrach-lìn agus air na clàran gus am faigh iad dearbhadh air atharrachaidhean sam bith a chaidh an toirt a-steach am-bliadhna. Faodar tagraighean a bhith air an cur a-steach air loidhne cuideachd."

Chuir Neach-gairm na Comataidh Ionadail, Donnchadh Dòmhnaillach failte air prìomh fhèis chultarail na Gàidhealtachd a' tilleadh don Òban. "Tha a' Chomataidh Ionadail a-nis a' faicinn toradh an cuid oidhirpean thairis air an dà bhliadhna a dh' fhalbh, agus tha sinne agus gach neach san Òban, a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith a' cuir failte air sean is òg gu prìomh thachartas ann am mìosachan cultarail na h-Alba. Leis gur e seo "sgìre breith" a' Mhòid, tha sin a' ciallachadh gu bheil Mòd san Òban an-còmhnaidh sònraichte math. Leis gu bheil goireasan fior mhath ann airson farpaisean is tachartasan eile tha am baile eòlach air dèiligeadh ri Mòd agus gheibh sibh faireachdainn den seo nuair a ruigeas sibh. Ni sinn ar dìcheall nas urrainn dhuinn a dhèanamh gus am bi fior chuimhne mhath agaibh air ur turas chun bhaile."

Tha Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid cuideachd a' coimhead air adhart ris a' Mhòd tilleadh don Òban, a tha an-còmhnaidh na dheagh àite tarraingeach do luchd-frithealaidh is luchd-èisteachd a' Mhòid. Thuit Stiùiriche Poileasaidh Taigheadas, Gàidhlig, Coimhearsnachd is Cultar air Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid, Robin Currie: "Tha Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid air leth toilichte a bhith a' toirt taic don tachartas am-bliadhna agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' cur failte air mòran pharpaisich is luchd-tadhail don tachartas."

Changes to Mod Scheduling

With entries for Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2015 coming in thick and fast, Mod organisers An Comunn Gàidhealach are busy preparing for this year's event, to be held in Oban for the sixteenth time in its history. Although many entries have already been received and processed, An Comunn Gàidhealach expects a considerable influx before the closing date of **1st June 2015** and it is stressing the importance of complete entries being received on time.

Janet MacDonald, Royal National Mod Director reiterated this view as well by announcing a change to the scheduling of the prestigious Gold Medal Final competition. "This Gold Medal Final will now be broadcast live on BBC Alba and Radio nan Gàidheal on the Wednesday evening of Mòd week, following the success of a similar move for the Seann Nòs Final a few years ago. Qualifiers for the Gold Medal will be held, as usual, during Wednesday, while the Seann Nòs Qualifiers will now take place during the day on Thursday. Silver Pendant qualifying competitions will be on Wednesday morning, with the Final taking place in the afternoon. An Comunn Gàidhealach hopes these moves will be welcomed by competitors and audiences alike.

We would welcome entries being submitted on time and it is important that you check the website and syllabuses for confirmation of any changes that have been introduced this year. Competitors are reminded that entries can be submitted online."

The return of Gaeldom's premier cultural festival was welcomed by Convener of the Local Organising Committee, Duncan MacDonald. "The Local Organising Committee are seeing the efforts of the last two years coming to fruition and, as does all of Oban, look forward to welcoming young and old to a key event in the cultural calendar of Scotland. Being the "birth place" of the Mod an Oban Mod is always special. With excellent facilities for the competitive and social sides of the occasion the town knows what a Mòd is about and you will sense this when you arrive. We will endeavour to do all that we can to make this a truly memorable experience for you."

Argyll & Bute Council are also looking forward to the Mòd returning to Oban, which is always a popular location with Mòd participants and audiences. Policy Lead for Strategic Housing, Gaelic, Community and Culture at Argyll & Bute, Robin Currie, said, "Argyll & Bute Council are delighted to support the event this year and are looking forward to welcoming the influx of competitors and visitors to the event."

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail will be held in Oban between 9-17 October 2015. For any further information regarding Am Mòd Nàiseanta Rìoghail or Mòd an Òbain, please visit www.ancomunn.co.uk or www.modanobain2015.com.

Puingean Cudthromach airson Farpaisich

Pìosan Feìn Thaghte

Ma tha sibh a' cuir a-steach airson farpaisean Mòd na bliadhna seo air-loidhne, mholadh sinn bh' ur pìosan feìn-thaghte a chur thugainn tron siostam air-loidhne cuideachd. Tha sinn ag obair air siostam far am bidh e comasach dha na britheamhan na pìosan agaibh fhaighinn bhon làrach-lìn. Cuidichidh seo le bhith a' sàbhaileadh le cosgaisean postachd agus pàipear agus bidh am pròiseas nas èifeachdaich dhuinn uile.

Dà Mhios Airson Duaisean a Thilleadh

'S e an 31mh den t-luchar an ceann-latha mu dheireadh airson duaisean a thilleadh. Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an glanadh agus gu bheil sibh air bh' ur h-ainm a chur orra. Ma bhios duilgheadasan sam bith agaibh an tilleadh ann an tìde curiribh fios thugainn cho luath' sa ghabhas.

Luchd Buannachaidh na Mòdan Ionadail

Tha cothrom aig farpaisich a gheibh a' chìad duais aig Mòd Ionadail sam bith, cuir a-steach airson am Mòd Nàiseanta Rìoghail, as dèidh an 31mh den Chèitean. Feumaidh Rùnaire a' Mhòd Ionadail an iarrtas a chur thugainn agus tha cola deug aca as dèidh a' Mhòd Ionadail airson seo a dhèanamh.

Pìosan Feìn Thaghte

Feumar pìosan feìn thaghte a chur thugainn ro Dimàirt 30mh den t-Ògmhios. Ma tha sibh a' cuir bh' ur pìosan thugainn sa' phost dèanaibh cinnteach gu bheil bh' ur n-ainm agus àireamh na farpais air gach duilleag. Feumar 3 leth-bhreacan de gach pìos a chur thugainn (5 airson farpaisean a' Bhùinn Òir agus an Aigeallan Airgid).

Farpaisean an t-Seann Nòs

Dèanaibh cinnteach gun cuir sibh thugainn 3 leth-bhreacan de na facail airson gach òran ma tha sibh a' cuir a-steach airson farpais an t-Seann Nòis. Tha aon òran a dhìth airson farpais a'chìad chuairt agus dà òran airson an fharpais crìochnachaidh. Feuch gun dean sibh soilleir dè an òran a tha airson gach farpais.

Ballrachd

Feumaidh inbhich a tha a' cuir a-steach airson farpaisean aon-neach a bhith nam buill den Chomunn Ghàidhealaich. Ann am farpaisean càraig, feumaidh an dithis a bhith nam buill. Ma tha sibh a' cuir a-steach airson farpaisean Òran Ceathrar no Còmhlan, mur a bheil gach neach anns a' bhuidhean nam buill mu thràth, feumar ballrachd Òran Ceathrar / Còmhlan airson a bhuidhean a phàigheadh. Chan eil ballrachd Còisir a' gabhail a-steach farpaisean Càraig, Òran Ceathrar no Còmhlan idir.

Cuir a-steach airson Farpaisean Air-loidhne

Ma tha sibh airson cuir a-steach airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna sa air-loidhne, tadhlairbh air duilleag dachaigh an làrach-lìn againn agus bruthaibh an ceangal sònraichte. Faodar an uairsin clàradh agus bh' ur farpaisean a thaghadh. 'S e siostam ùr a th' ann agus ma bhios duilgheadasan sam bith agaibh tha sinn airson cluinniann bhuaibh.

www.ancomunn.co.uk

Points to Remember When Entering Competitions

Own choice pieces

If you are entering online we would encourage you to submit own choice via the online system as well. We are currently working on a system for our adjudicators where they will be able to access all own choice pieces through the online system. This should make the process more efficient and cost-effective for competitors, adjudicators and An Comunn Gàidhealach.

Two Month Warning to Return Trophies

If you have a trophy from last year's Mod remember to have them engraved and returned to us by no later than the 31st of July. Unfortunately each year some competitors fail to return trophies on time and this causes many delays. Please notify us if there is a reason that you cannot return it to us by the deadline or you may receive a fine.

First prizewinners at Provincial Mods

Competitors who win first place at a Provincial Mod have a maximum of two weeks after the Provincial Mod to enter the Royal National Mod. These entries must be submitted by the Provincial Mod Secretary and payment made by the competitors.

Own Choice Pieces

All own choice pieces must be submitted no later than Tuesday 30th June. If submitting hard copies via the post please ensure you clearly mark your name and competition number on each sheet. Please ensure you enclose 3 copies of each submission. (5 copies for Gold Medal and Silver Pendant competitions).

Requirements for Traditional Competitions

Please submit 3 copies of song words when entering the Traditional Gold Medal Competition. One song is required for the qualifying competition and two songs for the Final. Please ensure you clearly mark which song is for the qualifying and which are for the final also.

Memberships

All senior soloist competitors must be paid up members of An Comunn Gàidhealach. For duet competitions, both competitors must have individual membership. Those entering quartet or group competitions will have to pay an affiliation fee (unless all in the quartet/group have individual memberships). Choir affiliations will not cover quartet, group or duet competitions.

Entering Online

To enter this year's Royal National Mod competitions online, visit our homepage and click on the "Enter Now" button. You will then be asked to either sign in to your account or to register if you are new to the online system. You will then be able to enter Mod competitions and pay your membership if required. Should you require any assistance please do get in touch with us. The system is new and has just been launched so if you are having problems, please do let us know.

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Trèanadh do stiùirichean còisir

Chur an Comunn Gàidhealach air dòigh bùth-obrach do stiùirichean-còisir ann an Glaschu air Disathairne 16mh Cèitean. Bha sianar stiùirichean ùra an làthair. B' iad Niall Houston agus Joy Dunlop a bha os cionn an latha trèanaidh. Bhathas a' toirt cothrom do stiùirichean a tha airson an tuilleadh ionnsachadh mu bhith stiùireadh le sùil aig a' cheann thall còisirean a stiùireadh.

Thathas an dùil gun tèid latha eile mar seo a chur air dòigh ro dheireadh na bliadhna gus barrachd stiùirichean a thàladh agus airson na sgilean aig an fheadhainn a th' again mu thràth a leasachadh.

Thuirt Niall Houston, stiùiriche a' bhùth-obrach, "Chòrd an latha ris a h-uile duine 's bha e air leth soirbheachail. B' ann air pìosan-ciùil nan còisirean òigradh a stèidhich sinn an trèanadh agus sheall sinn na prìomh sgilean stiùiridh don fheadhainn a bha an làthair, 's bha iad air leth comasach air an obair.

Ma tha àidh aig duine sam bith ann a bhith a' frithealadh bùth-obrach eile den t-seòrsa seo, cuiribh fios gu info@ancomunn.co.uk airson barrachd fiosrachaidh.

Choir conductor training

An Comunn Gàidhealach held a choir conductor workshop on Saturday 16th May in Glasgow. Six promising up and coming conductors attended the workshop which was led by Niall Houston and Joy Dunlop. The workshop was open to choir conductors who wish to gain further experience in the craft of conducting and eventually conduct their own choirs.

An Comunn hope to run another workshop later on in the year to encourage more conductors and develop the skills of existing conductors.

Niall Houston, workshop leader, said, "The day was extremely successful and enjoyed by all. We worked mainly on junior choral pieces and emphasised key conducting techniques with the participants who were terrific and extremely competent."

If anyone is interested in attending the next workshop then please contact info@ancomunn.co.uk for more information.



An Comunn Gàidhealach



Uibhist / Uist

29 – 30 Cèitean / May

moduibhist@gmail.com

Leòdhas / Lewis

2 - 5 Ògmhios / June

peigi@ancomunn.co.uk

An t-Eilean Sgitheanach / Skye

4 - 6 Ògmhios / June

maireadnicolson@btinternet.com

Cille Brìde an Ear / East Kilbride

29 -30 Cèitean / May

catmacdonald292@btinternet.com

An t-Òban / Oban

5 - 6 Ògmhios / June

moiradunlop@btinternet.com

Gallaibh & Cataibh / Sutherland & Caithness

13 Ògmhios / June

mforbes999@gmail.com

Ìle / Islay

6 Ògmhios / June

alisongrayislay@aol.co.uk

Na Hearadh / Harris

11 – 12 Ògmhios / June

cjmackay1a@gnes.net

Glaschu / Glasgow

12 – 13 Ògmhios / June

angelajenkins34@hotmail.com

Peairt & Aonghas / Perthshire & Angus

12 – 13 Ògmhios / May

saintcath@hotmail.co.uk

Àird nam Murchan / Ardnamurchan

19 Ògmhios / June

davidandval.barker@btinternet.com

Inbhir Nis / Inverness

19 - 20 Ògmhios / June

secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Muile / Mull

11 - 12 Sultain / September

secretary@mullmod.org.uk

Taobh Siar Rois / Wester Ross

18 Sultain / September

duncan-ross@sky.com

Barraigh / Barra

25 – 26 Sultain / September

modbharraigh@aol.com

Lochalsh / Loch Aillse

2 Dàmhair / October

bi.smith@btopenworld.com



www.ancomunn.co.uk/localmods

An COMUNN

Gàidhealach

Mòd Ioadail Shruighlea 2015

Tha cùisean trang le na Mòdan Ionadail a-nis le dhà no trì air gabhail àite thairis air na seachdainean a chaidh seachad.

Nam measg bha Mòd Shruighlea air an 15mh agus an 16mh den Chèitean agus 's e Mòd air leth shoirbheachail a bh' aca a-rithist am bliadhna.

Bha measgachadh de dh' fharpaisean seinn, còisir, beul-aithris agus ionnsramaid aca thairis air an dà latha. Bha Cruinneachadh Chòisirean aca a-rithist am-bliadhna agus bha e dìreach mòrbhaileach. Meal an naidheachd air a h-uile duine a ghabh pàirt agus a choisinn na duaisean.



Stirling Provincial Mod 2015

The Provincial Mod season is in full swing now with several having taken place in the last few weeks.

It was another successful year for the Stirling Provincial Mod which took place on the 15th and 16th of May.

The programme included a range of solo, choral, oral and instrumental competitions. One of the highlights was of course the Massed Choirs performance. Congratulations to all winners and participants at this year's Mod.



An Comunn Gàidhealaich

Atharrachaidhean air Earrainnean Ainmichte / Changes to Prescribed Pieces

Tha earrainnean ainmichte rin ceannach air an làrach-lìn againn no faodar na leabhairchean a cheannach anns na h-ofisean againn. Tadhlaibh [an seo](#) no cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705.

Chìtheair atharrachaidhean ri h-Earrainnean na bliadhna seo gu h-ìosal.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

The prescribed pieces for the Royal National Mod in Oban in 2015 are available to buy via our website or you can buy hard copies from our offices.

To purchase online click [here](#) or alternatively you can telephone us on 01463 709 705.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below.

Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A300 Tìr an Airm

Bar 20 & 21-the phrase, "s bhon is ciùin na tonnan gorm" should now be "s fon 's os cionn nan tonnan gorm"

Bar 38-39 - soprano lyrics are out of sync with the melody. The words should follow the same rhythms and syllable placings as the other parts.

Bar 39 musically should have B, A, A (all quavers) sung for the word "beathannan".

Bar 58 - bass part - it should read "Tir an airm"

Bar 59 - bass part - it should read "Ho ro" instead of "Ho ri"

Bar 66+67 - alto part - their words are missing, it should be the same as the other parts

A304 Gleann Gallaidh

Bar 18- the word 'smuaintich' should be changed to 'smuainich'.

Bar 55 - Soprano 2 part: notes are written Bb, G, middle C but should actually be written as G, Eb, middle C.

A305 A' Chuthag

Bar 38 - Soprano 2 should sing G natural instead of G flat

A306 Nuair bha mi na mo mhaighdinn

Bar 46 - Tenor final two crotchets should be A's (mi) instead of F's (do)

Bar 49 - Alto's 2nd E note should be an E natural

Bar 49 - Tenor's final note should be a B natural

<http://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/changes-to-prescribed-pieces>



COTHROM

DHA SGRIOBHADAIREAN GÀIDHLIG

OPPORTUNITY FOR GAELIC WRITERS

CURSA FAD SEACHDAIN AIG SABHAL MÒR OSTAIG

WEEK LONG RESIDENTIAL AT SABHAL MÒR OSTAIG

15-19th. 06. 2015

Gus sgilean sgriobhaidh dràma Ghàidhlig a leasachadh

Taoitearan; David Greig agus Iain F MacLeod

Oideachadh, àite-fuirich, biadh is siubhal an-asgaidh

To develop Gaelic theatre writing skills | Tutors include highly acclaimed playwrights David Greig and Iain F. Macleod |
Tuition, accommodation, food and travel is free

AIRSON TAGRADH, CUIR POST-D GU: mairi@gaelic-arts.com

Aithris, mu 150 facal ag innse carson a tha thu airson pàirt a ghabhail

Lethbhreac den CV agad, a' toirt cunntas air d' eòlas sna h-ealain Ghàidhlig

Cunntas mu 150 facal ag innse mun dealas agad ann an dràma Ghàidhlig

Aithris ghoirid mu bheachd bu mhath leat a leasachadh

CEANN-LÀ

DEADLINE FOR APPLICATIONS

22.05.2015 (5^f)



17th Annual Grandfather Mountain Scottish Gaelic Song & Language Week July 5th – 10th 2015

Lees-McRae College, Banner Elk NC.

An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Scottish Gaelic Society is pleased to announce instructors for the 2015 Grandfather Mountain Scottish Gaelic Song & Language Week.



Gillebride MacMillan from South Uist is one of the few who have won both the Seann Nòs and Men's Gold Medal at the Royal National Mòd. After completing a degree in Celtic Studies at the University of Glasgow and a Masters Degree from the University of the Highlands and Islands, Gillebride now works in the Celtic and Gaelic Department at University of Glasgow. He is a Gaelic translator, author, and has worked on the Tobar an Dualchais archiving project. He regularly sings and teaches Gaelic song at festivals and cèilidhs in Scotland, Europe and the USA. You may have seen Gillebride in episode 3 of the Outlander television series as "Gwyllyn the Bard". Find out more on YouTube, on his website: <http://www.gillebride.com/> and on Twitter: <https://twitter.com/Gillebride>

Named Gaelic Singer of the Year in 2010 and 2011 by the MG ALBA Scots Trad Music awards, Joy Dunlop has won both the Royal National Mòd Gold Medal and the Oban Times Gold Medal. A native of Argyll, Joy teaches Gaelic, performs with the Joy Dunlop Band, presents programs on BBC ALBA, and makes frequent appearances on Radio nan Gàidheal. She is also an award winning Scottish step-dancer and Traditional Inter-Celtic Dance Champion. Find out more about Joy via YouTube, on Twitter: <https://twitter.com/joydunlop> and from her website: <http://www.joydunlop.com/>. We are delighted to welcome Joy to Grandfather Mountain for the first time.



Kathleen Reddy was born in Sydney, Nova Scotia. She is a graduate of Saint Francis Xavier University and also holds a Postgraduate Certificate in Secondary Education from the University of Strathclyde in Glasgow and a Diploma of Higher Education in Gaelic and Related Studies from Sabhal Mòr Ostaig in Skye. She has worked as a teacher of Gaelic learners and fluent speakers at secondary schools in Scotland, and spent several years living in a Gaelic-speaking community on South Uist. In Nova Scotia, Kathleen has taught Gaelic immersion courses in the Halifax area and at the Gaelic College in Cape Breton. In addition, Kathleen has worked for the Nova Scotia Office of Gaelic Affairs. Currently, she teaches Gaelic at Saint Francis Xavier University and serves as a mentor for the Nova Scotian Gaelic mentorship programs, *Na Gaisgich Òga* and *Bun is Bàrr*.

For more information see:

Grandfather Mountain Song and Language Week <https://www.facebook.com/groups/1463155417230179/>
An Comunn Gàidhealach Ameireaganach <http://www.acgamerica.org>

An Comunn Gàidhealach



Care for a Cèilidh

Tha a h-uile mìos trang airson muinntir Care for a Cèilidh agus bha seo fior airson a Chèitean cuideachd. Chìthean dealbhan gu h-íosal den fheadhainn de na seinneadairean agus luchd-ciùil a thug an tide seachad airson tadhail gu na taighean-cùram. Mòran taing dhuibh uile airson bh' ur taic.

Every month is a busy month for Care for a Cèilidh and indeed, May was no different. Below are some pictures of some of those who gave their time to visit the Care Homes. Many thanks to you all.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



An COMUNN Gàidhealaich

Club 400 Mòd nan Eilean Siar

Tha an Comataidh air a bhith a' ruith Club 400 airson ùine mhòr a-nis, far am bidh iad a' taghadh cò tha a' faighinn na duaisean uair 's a' mhìos, beò air Isles FM.

Ma tha sibh airson pàirt a' ghabhail, chan fheumar ach foirm a lionadh a-steach airson a' bhanca agus ni sinne an còrr. Thèid àireamh shònraichte a thoirt dhuibh. Mas e gur e an àireamh sin a thèid a thadhadh, gheibh sibh duais £250, £100 no £50. Cha chosg e ach £5 anns a' mhìos (ach faodar barrachd air aon loidhne a ghabhail).

Siuthad sibh – nach gabh sibh pàirt, agus chan eil càil a dh' fhios nach buannaich sibh duais airgid!

Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh post-d gu:

dmacdonald@iname.com

Mòd nan Eilean Siar 400 Club

The Committee have been running a 400 Club for some time now, with a draw being carried out once a month, live on Isles FM.

All you have to do is fill in a Bank Standing Order form, and the rest is done for you. You will be allocated a number and if that number is selected during the draw, you will have won a prize of £250, £100 or £50. This would cost you only £5 per month (you may sign up for more than one line if you wish).

Why not join to win the chance of winning a monetary prize!

For further information, contact:

dmacdonald@iname.com

Tachartsan ri Thighinn

Raffle @ Consairt Mòd Ionadail Leòdhais – 5 Ògmhios
Brot is Mìlsean – 26 Ògmhios
Buntàta is Sgadain & Cèilidh – 26 Ògmhios
Dannsa le Catch 22 & Norrie Tago MacIomhair – 5 Sultain
Co-op Steòrnabhagh – 24 Dàmhair

Future Fundraising Events

Grand Raffle Draw @ Provincial Mod Concert – 5 June

Soup & Pudding – 26 June

Tattie & Herring Night and Cèilidh - 26 June

Dance with Catch 22 & Norrie Tago Maciver – 5 September

Bag-pack @ Co-op, Stornoway – 24 October



MÒD NAN EILEAN SIAR

GRAND PRIZE DRAW

1ST PRIZE - £300 | 2ND PRIZE - £150 | 3RD PRIZE - £50

PLUS VARIOUS OTHER PRIZES

Date for return of unsold tickets etc: Wednesday 3rd of June 2015

To be drawn in Stornoway on Friday 5th of June 2015

Ma tha sibh airson ticeadan a cheannachd airson a raffle againn cuiribh fiosr air 01851 703 487.

If you would like to purchase some raffle tickets please contact us on 01851 703 487



Furan



Farpais-cheist Taigh-seinnse

Gaelic Pub Quiz

Taigh-Seinnse an Stivideò,

Tàlaichean Chorram, An t-Òban

Studio Theatre Bar, Corran Halls, Oban

Diardaoin, 04/06/15, 7.30f

Thursday, 04/06/15, 7.30 pm

£2 airson gach neach

£2 for each person

5 cuairtean, duaisean mhìorbhailleach!

5 rounds, marvellous prizes!

Bidh neach le Gàidhlig ann airson gach sgioba.

A Gaelic speaker will be on each team.

Furan

Ionad Gàidhlig An Òbain

Oban Gaelic Centre

Comhairle Earra-ghàidheal

agus agus Bhòid



An Comunn Gàidhealaich

Tha Ruaraidh a' sreap Beinn Nibheis

Air Disathairne 13mh den Ògmhios 2015, tha Ruaraidh Maclosag bho Roddy's Garage anns An Òban a' dol a shreap Beinn Nibheis gus airgead a' chruinneachadh airson Mòd an Òbain 2015.

Tha Comataidh Ionadail a Mhòid fada an comuinn Ruaraidh airson an oidhpr seo agus an taic a tha e a' toirt dhuinn arithist.

Ma tha sibh airson airgead a chuir ris an seo, nach tadhail sibh air Roddy's Garage anns An Òban nuair a gheibh sibh an cothrom.

Tapadh leibh uile.

Roddy's Ben Nevis Climb

On Saturday 13th June 2015, Roddy MacIsaac from Roddy's Garage, Oban, will be climbing Ben Nevis to raise funds for Mòd an Òbain 2015.

The Local Organising Committee very much appreciates Roddy's efforts and his continued support.

If you would like to sponsor Roddy, why not call into or contact Roddy's Garage, Mill Lane, Oban, when you get the chance.

Tapadh leibh uile

Roddy's Garage

Electronic Diagnostics, Oban

- ABS, Engine and Service Lights Reset
- Belts, Brakes and Clutches
- Exhaust and Servicing
- General repairs to all types of cars
- High standard of work guaranteed
- Welding and MOT Work

15 Mill Lane, Oban PA34 4HA
Rmacisaac06@aol.com
www.roddysgarage.co.uk
01631 565882



Quality repairs at affordable prices

Try us we won't disappoint you!



An COMUNN

Stòras Ùr airson Nan Ealan Traidiseanta

Chaidh stòras ùr a chruthachadh a bhios a' tairgse thabhartasan luach suas gu £1,000 do bhuidhnean agus luchdealain a tha an sàs anns na h-Ealan Traidiseanta an Alba.

Tha an stòras - Tasgadh - air a leigeil a-mach bho Alba Chruthachail, agus bidh e fo stiùir Fèisean nan Gàidheal. Gheibhean taic bhon stòras airson cuideachadh a thabhall do luchdealain ag obair gu traidsanta son a bhith a' cruthachadh, a' lìbhrigeadh, a' siubhal no a' taisbeanadh an cuid obrach. Tha taic cuideachd ri fhaotainn bhon stòras airson leasachaidhean proifeiseanta.

Thuirt Ceannard Fèisean nan Gàidheal, Art MacCarmaig, agus e a' cur failte air a mhisneachadh ùr bho Alba Chruthachail: "Aig an aon àm sa tha Alba Chruthachail a' leantainn le bhith a' cumail taic dìreach ri na h-ealan traidsanta agus a' dèiligeadh ri pròiseactan mòra ann an dòighean eile, tha e cudromach gu bheil slighe ann gu suimean-taice beaga a tha nas aotrama agus gan sgaoileadh nas luithe. Tha sinn air leth toilichte a bhith ag obair còmhla ri Alba Chruthachail ann a bhith a' tairgse leithid de thaic do cheòl traidsanta an Alba, do dhannsa agus sgeulaichean. Tha dùil againn gum bi fèill mhòr air an stòras."

Thuirt Brian Ó hEadhra, Oifigeach Ealan Ghàidhlig agus Cultair Alba Chruthachail: "Tha Fèisean nan Gàidheal air a bhith a' leasachadh nan ealan traidsanta air feadh Alba son còrr is 25 bliadhna agus ann an deagh shuidheachadh a bhith a' lìbhrigeadh an stòrais taice seo gu h-èifeachdach. Tha fiughar againn ri deagh mheasgachadh de thagraidhean fhaighinn bho dhiofar raointean ealan nam measg ceòl, dansa agus sgeulachdan, an dà chuid an Gàidhlig agus Albais. Bidh Alba Chruthachail dealasach ann a bhith a' co-nbrachadh le buidhnean anns an roinn seo ach am bi sinn cinnteach gum bi traidsian beòthail agus tarraigeach a' tighinn-beò am measg ar coimhairsnachdan gu lèir, an dà chuid gu dùthchail agus anns na bailtean."

Tha an stòras a-nis fosgalte le trì cinn-latha airson tagraighean ann an 2015-16, a' chiad tè dhiù sin air 3 Iuchar 2015. Gheibhean stiùireadh agus foirmean tagraighe aig feisean.org/tasgadh.



Gàidhealach

New Funds Available for Traditional Arts

A new fund has been launched to offer grants of up of £1,000 to organisations and individuals involved in Scottish Traditional Arts.

The fund - Tasgadh - is devolved from Creative Scotland, managed by Fèisean nan Gàidheal and available to provide support for traditional artists and organisations to create, perform, tour and showcase work. Professional development applications can also be supported through the fund.

Fèisean nan Gàidheal Chief Executive, Arthur Cormack, welcomed the commitment from Creative Scotland: "While Creative Scotland continues to support traditional arts directly and will deal with larger projects through other routes, it is important that there is access to small grants which are relatively light touch and offer a fast decision. We are delighted to be working with Creative Scotland to provide that kind of support for Scottish traditional music, dance and storytelling and expect a high level of uptake for the funds."

Brian Ó hEadhra, Gaelic Arts & Culture Officer at Creative Scotland said: "Fèisean nan Gàidheal have been developing traditional arts across Scotland for over 25 years and are well placed to successfully deliver this funding scheme. We are keen to get a good mix of art forms applying including music, dance and storytelling from the Gaelic and Scots traditions. Creative Scotland remains committed to working with partners in this sector to ensure that Scotland continues to have a vibrant living tradition across our communities, both rural and urban."

The fund is now open with three deadline dates for applications during 2015-16, the first of those being 3 July 2015. Guidelines and applications are available at feisean.org/tasgadh.



An Comunn

Gàidhealach

Ceitidh Anna NicLeòid

'S ann duilich a bha sinn uile aig a' Chomuinn Ghàidhealaich leis an naidheachd gun do chaochail Ceitidh Anna NicLèòid (Nicllleathain) bho chionn beagan sheachdainean. Bhiodh Ceitidh Anna air a bhith 102 bliadhna a dh' aois ann an seachdain no dhà eile.

Choisinn Ceitidh Anna Bonn Òr a' Chomuinn ann an 1938 ann an Glaschu. Rugadh i ann an Ceann a Deas Bhràgair, Leòdhais ann an 1913.

Nuair a bha i 100 bliadhna a dh' aois, fhuair i telegram bhon a' Bhàn Righ. Bha i gu math pròiseil den a' Bhonn Òr aice a agus chur i oirre e air an latha sònraichte a bha seo.

Tha sinn a' cuimhneachadh air an teaghach aig Ceitidh Anna aig an àm duilich a tha seo.

Katie Anne Macleod (MacLean)

It was with great sadness that we learnt of the death of Katie Anne Macleod (Maclean) a few weeks ago. Katie Anne would have celebrated her 102nd birthday in a few weeks time.

Katie Anne won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal in 1938. She was born in South Bragar, Lewis in 1913.

When she celebrated her 100th birthday two years ago, representatives from An Comunn went to visit her. She was very proud of winning the Gold Medal and insisted on wearing it on her special birthday.

We remember Katie Anne's family at this sad time.



Ceitidh Anna leis an telegram bhon a' Bhàn Righ agus flùraichean bhon a' Chomunn. Chithear Bonn Òir a' Chomuinn oirre cuideachd.

Katie Anne with her telegram from the Queen and the flowers from ACG & CGL. You can also see is proudly wearing her Gold Medal.

Bha an dealbh seo air a chrochadh air a' bhalla anns an rùm aig Ceitidh Anna an Dun Berisay. The picture had pride of place in Katie Anne's room in Dun Berisay

Flòraidh NicNèill MBE

Bha naidheachd dhuilich eile ann an saoghal na Gàidhlig air a' mhìos a chaidh seachad, nuair a chaochail aon de na seinneadairean is clìùitich ann an saoghal na Gàidhlig, Flòraidh NicNèill. Bha Flòraidh 86 bliadhna a dh' aois.

Rugadh i ann am Barraigh ann an 1928. Bha seinneadairean anns an teaghach aice ach 's ann bho màthair bu mhotha a dh' ionnsaich i na h-òrain. Ann an 1949 għluais i a Dhùn Èideann agus 's ann an uairsin a thàinig na tàlantán aice gu aire a' mhòr-shluagh. Thòisich i seinn air iomadach àrd-ùrlair agus thairis air a beatha thadhal i air feadh an t-saogħail a' seinn. 'S e seinneadair fior thraidiseanta a bh' innte.

Phòs Flòraidh fear à Barraigh agus bha còignear theaghlach aca. Tha nighean aice Maggie Nic Aonghais i fhèin air leth clìuiteach ann a bhith a' seinn òrain Ghàidhlig agus a' cluich a' clàrsaich.

'S e call mòr a th' ann an seo ann an saoghal na Gàidhlig agus tha sinn a' cuimhneachadh air teaghach Fhlòraidh aig an àm duilich seo.

Flora MacNeil MBE

There was further sad news in the Gaelic community this month with the news of the death of one of the most famous Gaelic singers, Flora MacNeil, who died at the age of 86.

Flora was born in Barra in 1928. Her family was full of singers but her mother was her greatest influence. In 1949 Flora moved to Edinburgh and it was there that her career blossomed. Her singing had her performing on stages all over the world. She was a fine traditional singer.

Flora married a Barra man and they had five of a family. One of their daughters, Maggie MacInnes has also carved a successful career for herself as a Gaelic singer and harp player.

Her death is a great loss to the Gaelic world and we remember her dear family at this sad time.



Flòraidh NicNèill, sàr sheinneadair Gàidhlig, a chaochail sa' Chèitean.

Flora MacNeil, renowned Gaelic singer, who died in May.



Flòraidh, na h-òige.

Flora in her younger days.

An Comunn Gàidhealaich

The Multilingual University: The impact of linguistic diversity in higher education in English-dominant and EMI contexts ESRC seminar series

Seminar 3: The role of HE in language revitalisation initiatives

**Friday 19th June 2015, 0930-1630, at the University of Strathclyde:
Room 405, Colville Building, 48 North Portland Street, GLASGOW, G1 1XM**

Research into the revitalisation of minoritised languages (MLs), such as Gaelic or Welsh in the UK, has tended to focus on minoritised language-medium (MLM) provision in the school sector. But what opportunities exist for fluent ML speakers or learners to continue to study these languages and to learn through the medium of these languages in Higher Education? To what extent are they able to continue to use these languages for social and cultural purposes as well as in academic contexts? This seminar will address the challenges and future prospects of MLM HE provision, addressing policy and planning at national and institutional level, and exploring student experiences and identities, in the wider context of national language revitalisation projects.

Speakers include Jerry Hunter (Bangor), John Norman MacLeod (University of the Highlands & Islands), Wilson McLeod and Fiona O'Hanlon (University of Edinburgh), Morag Campbell (Scottish Funding Council), Fiona Dunn (University of Glasgow), Joanna McPake (University of Strathclyde)

The seminar will be introduced by Iain Campbell, recently appointed as CEO of Bòrd na Gàidhlig, the organisation charged with ensuring a sustainable future for Gaelic in Scotland. It will include short papers from academics, policy makers and practitioners, as well as break out groups and a discussant (Michelle MacLeod, University of Aberdeen). There will be plenty of time for discussion and sharing of ideas. The language of the seminar will be English but presentations may be bilingual.

There is no charge for registration and tea, coffee and lunch will be provided. 12 travel bursaries of up to £75 each are available for those attending the seminar from outside Glasgow who are either postgraduate students, part time teachers and researchers, or unwaged participants. These will be allocated on a first come first served basis.

Seminar participation is limited to 30 places. To register, please click on the following link:
http://store.ioe.ac.uk/browse/extra_info.asp?compid=1&modid=2&deptid=171&catid=92&prodid=359

Seminar 3 Organiser: Joanna McPake, joanna.mcpake@strath.ac.uk

Seminar Series Administrator: Rakhi Kabawala, R.Kabawala@ioe.ac.uk

This 2-year seminar series (supported by the ESRC) is a collaboration between the following universities: Institute of Education (Siân Preece), Birkbeck (Li Wei), Birmingham (Angela Creese & Adrian Blackledge), Strathclyde (Joanna McPake) and Lleida (David Block). There will be 6 events in the seminar series.

An COMUNN Gàidhealach

Cuir tagradh ann a-nise – MA Ag Ionnsachadh agus A' Teagasc (Na h-Ealain Ghàidhlig)

Tha Conservatoire Rìoghail na h-Alba, ann an com-pàirteachais le Sabhal Mòr Ostaig, a' tabhann for-cheum do luchd-ealain a tha an sàs ann an cultar na Gàidhlig.

Tha am prògram pàirt-ùine seo thairis air trì bliadhnaagan ag amas air cothrom a thoirt dhut an t-eòlas, na sgilean agus an tuigse agad a leasachadh gus cothroman ionnsachaidh eìfeachdach do thaghadh farsaing de luchd-ionnsachaidh a dhealbh, a libhrigeadh agus a mheasadh.

Neartaichidh tu do thuigse ann a bhith ag obair le cànan agus cultar na Gàidhlig agus cruthaichidh tu pròiseact aig èire iomchaidh aontaichte a chuidicheas tu ann a bhith a' cur ri leasachadh nan Ealan Gàidhlig ann an Alba.

Tha sinn a' lorg luchd-ealain earbsach agus dealasach a tha ag iarraidh pàirt a ghabhail ann am fàs nan Ealan Gàidhlig ann an Alba san aonamh linn air fhichead.

Tha am prògram seo air a làn-mhaoineachadh dha oilleanaich a tha a' fuireach ann an Alba.

Airson tuilleadh fiosrachaidh: rcs.ac.uk/MAlearningandteaching/gaelicarts

Fiosrachadh bunaiteach – Teisteanas Forcheum

- Trì bliadhnaagan, pàirt-ùine
- An Latha mu dheireadh airson tagraighean: 31 An t-Iuchar 2015
- Latha Tòiseachaidh a' Chùrsa: An t-Sultain 2015

Tha a' mhòr-chuid den fhor-cheum air a libhrigeadh air-loidhne, le taic bho shreath de sheiseanan teagaiss deireadh seachdain agus amannan nas fhaide a' fuireach aig a' Chonservatoire Rìoghail ann an Glaschu agus Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach.

Tha an structar teagaiss sùbailte seo a' toirt dhut cothrom do chùmhnantan proifeiseanta fhèin a chumail suas.

A' cur tagradh a-steach

Airson barrachd fiosrachaidh mun fhor-cheum agus a dh'iarraidh pasgan tagraigdh, cuir fios gu: dramaadmissins@rcs.ac.uk

An latha mu dheireadh airson tagraighean: **31 An t-Iuchar 2015**

Tha MA Ag Ionnsachadh agus A' Teagasc (Na h-Ealain Ghàidhlig) air a libhrigeadh ann an com-pàirteachais le Sabhal Mòr Ostaig.



Royal Conservatoire
of Scotland



100 Renfrew Street,
Glasgow G2 3DB
T: +44 (0) 141 332 4101
F: +44 (0) 141 332 8901
www.rcs.ac.uk



An Comunn Gàidhealach



Royal Conservatoire
of Scotland

Dance
Drama
Music
Production
Screen

The graphic features several department names in both English and Scottish Gaelic, with their meanings explained below each name:

- Cleasaichean** (Riochdairean Peantairean) Dealbhaichean
- Sgriobhaichean**
- Luchd-ealain sa Choimhairsnachd**
- Stiùirichean**
- N-a-h-Ealaín** (Cumadairean-ciùil) Dealbhaichean Riochdachaidh
- Ghàidhlig** (Luchd-ealain) Baird
- Luchd-ciùil** (Snàidheadairean)
- Dannsairean** (Luchd-riaghlaidh Bhuithean-obrach) Cruthadairean Telebhisein
- Tidsearan**

Royal Conservatoire
of Scotland



100 Renfrew Street,
Glasgow G2 3DB
T: +44 (0) 141 332 4101
F: +44 (0) 141 332 8901
www.rcs.ac.uk





GAELIC PLACENAMES

TALK & WORKSHOP

Saturday 6th June 2015

Stoer Hall


Led by Roddy MacLean

10.00am – 12.30	Talk on the history of Gaelic and Gaelic placenames in Assynt and further afield £3.00
12.30 – 1.30	Soup and sandwiches, tea/coffee & baking £3.00
1.30 – 4.30	Workshop with maps (and dictionaries) learning the meaning of local Gaelic placenames. £3.00 (Attending both sessions £5.00)

This event is open to everyone and you do not need to know any Gaelic to attend. You do not need to book but it would be very helpful to have an idea of numbers before the day so please contact Claire Belshaw on 01571 855240 / or email on claire@caladh.freeuk.com particularly for the afternoon session. Please bring a local map and Dwelly's dictionary if you have them.

A special welcome to Gaelic speakers who know local places with Gaelic names which are not on any map.

This event is organised by Còmhlan Gàidhlig Asainte and is running as part of the Assynt Foundation's 10th anniversary celebrations. It is funded by Bord na Gàidhlig and Highland Council.





A' Charaid Chòir

Mod nan Eilean Siar 400 Club

Would you consider supporting the Western Isles Mod in the sum of a little over a pound a week by subscribing to a 400 Club, the 400 referring to the prize money awarded each month? This is how it works:

- ❖ Each participant pays £5 per entry per month by standing order to join, which entitles entry to each month's draw. One can have one or more entries - each entry costs £5 per month.
- ❖ A draw will be held at the end of each month and all eligible participants (i.e. all those who have paid) will be entered into the draw.
- ❖ Prizes each month will comprise of a first prize of £250, a second prize of £100 and a third prize of £50 (a total of £400).
- ❖ A list of monthly prize winners will be published at <http://www.acgmod.org/news> and the prizes will be credited to your bank account.

If you wish to take part, please fill in the Standing Order mandate overleaf, made out for £5, or a multiple thereof, and return the form to: An Ionmhasair, Mòd nan Eilean Siar, at the address below. It is proposed that the draw continues indefinitely to help with fundraising for future Mods, so please leave the Payment date fields blank unless you wish to specify an End Date. It would be useful if you could invite others to participate as well – the Standing Order form may be photocopied.

Rules

Your Standing Order is payable in advance on the 1st of each month, starting with the month following receipt.

Failure to pay the Standing Order will automatically stop your numbers for that month's draw.

All draws will be done in a public establishment or live on Isles FM with at least 2 committee members and a member of the public; details of time and venue can be obtained from committee members.

In any matters of doubt, the committee's decision is final.

OSCR Charity Number: SC001282

MÒD NAN EILEAN SIAR 2016

Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhaill, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD
Fòn: 01851 703487 Fax: 01851 706467

Leverhulme House, Perceval Square, Stornoway, Isle of Lewis HS1 2DD
Tel: 01851 703487 Fax: 01851 706467

To _____ Bank

Please set up the following Standing Order and debit my/our account accordingly

1. Account Details

Account Name _____ Account Number _____

Account Holding Branch _____ Sort Code _____

2. Payee Details

Name of Person or Organisation you are paying

Mòd nan Eilean Siar**400 Club Number (if known) - this will appear on the bank statement of the person or organisation you wish to pay****Sort Code – the bank code of the person or organisation that you are paying****83-27-12****Account Number – the account number of the person or organisation you wish to pay (eight digits – if less, place zeros at the front)****00651116****3. About the Payment**

How often are the payments made

monthly**Amount Details****Date and amount of first Payment**

1st

£

Date and amount of final Payment

£

4. Confirmation

email:

Signature

Date

Address / Post Code / Phone No:.....



An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhal
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

